

*For Propaganda the Cape Bretoner  
Cannot be beaten. What say you?*

# AN SOLUS IUIL

Public Archives of Nova Scotia  
HALIFAX, N.S.

"Is ann ad sholus dealrach glan, chi sinne solus iuil."

LEABH. I.

SIDNI, C. B., AM FAOILEACH, 1925

AIR. 1

Tha an Solus Iuil air a chur a mach air son math sluaigh nan coithionalan Gaidhealach. Cha'n ann air son impidh a chur orra, no air son consachadh a chumail suas, no air sgath buaidh a chosnadhb do aon bhuidhinn thairis air buidhinn eile; ach a mhain ann an dochas gu'm bi na leughas iad ann a' toirt soluis agus iuil dhaibh, 'g an treorachadh air an t-slighe tha direach agus ceart.

Cha'n eil anns na tri eaglaisean a tha ag aonadh aig an am so ach toradh-aonaidean a rinneadh anns na bliadh-nachan a dh'fhalbh. Rainig an Eaglais Mhethodach am meudachd aig am bheil i an diugh le ochd aonaidean; an Eaglais Choithionallach le tri aonaidean; agus an Eaglais Chleireach againn shein le naodh aonaidean. An uair theid na tri cuideachd 'san Eaglais Aonaichte, bidh an sin aonadh air fhichead.

## LITIR FHOSGAILTE

gu luchd na Gailig ann an Seanadh nam Mor-roinnean Iochdarach.

A Chairdean:

Mar neach a tha labhairt agus a' searmonachadh Gailig, tha toil agam beagan a radh ribh mu aonadh nan Eaglaisean. The e 'cur duilichinn orm gu bheil aireamh sluaigh air feadh nan coithionalan a tha 'cur cul ri comhairle nam ministeirean a chaidh arach 'nam measg fein, agus a' toirt cluais do rolasitean choigreach. Tha daoine againn anns na cubaidean a chaidh thr

cuain 's a chuir am beatha an cunnart a chum ar dion o fhoirneart ar naimhean; ach thig an fheadhainn ud eile mu'n cuairt ag glaoigh gur iad fein ar luchd-saoraidh—feadhainn nach do chairich riamh o sheasgaireachd na dachaidh.

Bha iad ag innse dhuibh gu'm bi an stipein is uile chosdas na h-eaglais air a leagail air an t-sluagh mar chis; agus gu'n tig an siorram a ghlacadh 's a reic ur codach mur teid a paidheadh. An uair a chaidh an aghaidh a thoirt orra air son sin, dh'fheuch feardh iubh ri e-fein a chur ceart le leth dhol as aiceadh, agus chaidh fear eile as aiceadh gu buileach. Aig an am a bha cuis an aonaidh fa chomhair na Parlamaid, bha fear-lagha aig na h-easaontaich, 'n am barail-san, cho math 'sa bha ann an Canada; fear a chleachd gach argumaid, seol us car a b'aithne dha air son buaidh a chosnadhb dhaibh, agus cha d'thug e iomradh riamh air cis no air siorram. Chaidh a' cheisd so a chur ri fir-lagha aig am bheil sar ainn mar luchd-comhairle, agus thuirt iad le aon ghuth nach gabhadh airgiot sam bith cruinneachadh do'n Eaglais Aonaichte tre na cuirtean lagha. Na cuireadh am bocan sin eagal sam bith oirbh!

Bheireadh iad oirbh a chreidsinn nach eil sinne dileas do theagascan na h-eaglais. Bidh ar teasgasg anns an Eaglais Aonaichte mar tha ar teasgasg anns an Eaglais Chleirich, an eaglais o'n d'fhuair sinn fein ar teásasg. Tha sinn ag gleidheadh firinnean mora

## AN SOLUS IUIÉ

an t-Soisgeil. Cha'n eil ni agaibh anns an t-sean eaglais nach bi agaibh anns an eaglais uir. Faodaith sibh Leabhar Aithghearr nan Ceist a thoirt do'r cloinn ri ionnsachadh mar bha sibh a' deanamh roimhe. Agus ma's miann leibh eolas mean a chur air creideamh na h-Eaglais Aonaichte, leughaibh gu curamach Aideachadh a Creideamh, a gheibh sibh an Gailig's am Beurla ann an leabhran beag o'n t-Solus Iuil.

Tha iad a' feuchainn ri dheanamh mach nach bi cothrom aig an t-sluagh air ministeir a ghairm. Bidh an aon chothrom aca 'sa tha aca an drasda. Tha na riaghailtean a's fhearr a bha anns na tri eaglaisean mu ghairm 's mu shuidheachadh mhinisteirean ri bhi anns an Eaglais Aonaichte. Cha bhi ministeir sam bith air a chur ann an coithional an aghaidh toil an t-sluaign.

An uair a chuimhnicheas sibh air Criod, 's e 'cur aghaidh air a' chrammcheusaidh, gu'n do ghuidh e coig uairean gu'm biodh a shluagh uile mar aon, nach coir do neach sam bith a tha'n aghaidh an aonaidh so sheorach dhe fein am bheil sin a reir toil an Fhirschaoraidh. C'ar son a bha Criod ag guidhe mar sin? Bha e 'dol gu bas a chum an saoghal so a thearnadh. Bha fhios aige nach deanadh eaglais roinnt an saoghal a chosnadh dha. Agus 'cha d'rinn i sin. Da mhile bliadhna air dol seachad agus corr us darna leth an t-saoghal gun uiread us iomradh a chluinntinn air Criod!

Tha sinn ag iarraidh gu'm biodh an saoghal air a' thoirt gu Criod, agus air an aobhar sin tha sinn ag iarraidh gu'm biodh an eaglais mar aon. Tha thairis air tri cheud deug de mhinisteirean a rugadh 's thogadh anns an Eaglais Chleirich ag iarraidh sin. Nach biodh e sabhailte dhuibh an leantuinn? Ann's a' bhliadhna 1875, chaidh an Seanadh so cha mhor gu h-iomlan a

stigh do'n aonadh. Nach d'rinn iad gu glic? Dh'han Cleir Phictou a mach, agus gu de bhuanach iad? Gu de a bhuanachaes daoine le fuireach as an aonadh? Tha mi a' lan chreidsinn gu bheil Dia ag gairm air eaglaisean Chanada gu bhi a' treorachadh an t-saoghal anns a' chuis so. Tha mi am fior dhochas gu'n teid muinntir na Gailig mu thimchioll a' ghnothuich so le deagh aire 's le urnuigh, agus gu'n lean iad eaglais an sinnsear do'n aonadh.

Ur caraid dileas,

Iain Mac-an-Toisich.

Sidni, C. B.

## O'n Urramach Seumas Friseal.

Tha iomadh aobhar agam air son bhi dol a stigh do'n aonadh, agus bheir mi dhuibh cuid diubh an seo:

1. Tha an Eaglais Chleireach an Canada a' dol do'n aonadh. Tha i a' deanamh sin le guth laidir an t-sluaign, nan Seisean, nan Cleir, nan Seanadh, agus an Ard-Sheanaidh. A bharrachd air sin, tha an t-aonadh air a dhaingneachadh le achd Parlamaid. An uair a bhatar 'g am chur air leth mar mhinisteir, thug mi boid gu'n cumainn suas agus gu'm bithinn a' dion riaghlaidh na h-eaglais le Seiseanan, Cleirean, Seanaidhean agus Ard-Sheanadh. Tha e mar sin mar dhleasnas orm m'eaglais a' leantuinn 's i ag gluasad air adhart do'n aonadh.

2. Tha mi a' dol do'n aonadh a chionn gu bheil mi ag creidsinn gu bheil an Eaglais Aonaichte 'na h-Eaglais Chleirich, agus gu'm bi mi 'nam Chleireach anns an Eaglais Aonaichte mar a tha mi an drasda 's mar a bha mi riabh. Tha aideachadh a creideamh soilleir, goirid, agus furasd a thuigseann. Tha mi de'n lan bharail gu bheil e a reir teagaisg nan Sgriobtuiribh Naomha.

3. Tha mi ag creidsinn gu'm bi

## AN SOLUS IUIL

aonadh nan Eaglaisean, air a' chuid a's lughá, 'na cheum gu freagairt urnuigh ar Tighearna, gu'm bi iad uile 'n an aon.

4. Da bhliadhna air leth, anns an Ard-Sheanadh, chuala mi a' labhairt mu'n aonadh, taobh air thaobh, na daoine a's pongaile agus a's comasaiche a tha anis an eglais. O chionn ghoirid, chuala mi anns a' choithional agam fhein, daoine ionnsaichte a' labhairt air taobh agus an aghaidh an aonaidh. A bharrachd air sin, leugh mi gu curamach Bonn an Aonaidh. Agus air sailibh sin uile, tha mi air m'fhagail gun aon reusan dligheach air son bhi ag cumail suas roinnean an ama dh'fhalbh, ni a bhithinn a' deanamh na'n diultainn leantuinn ri eglais mo shinnisir 's i gu buadhdmhor, treun a' dol a stigh ri Eaglais Aonaichte Chanada.

5. Tha mi dearbh-chinnteach ma bhios mo mhac, an deidh dha tighin gu ire duine, a' searmonachadh an t-Soisgeil, gu'n deanadh e roghainn de'n Eaglais Aonaichte, agus gu'm biodh a shaothair na bu bhuannachdale do Rioghachd Dhe anns an Eaglais Aonaichte na bhiodh comasach dha anns a' chriomaig de'n Eaglais Chleirich a dh'fhanas a mach as an aonadh.

Seumas Friseal.

Am Bras d'Or Mor, C. B.

### O'n Urr. Domhnall Domhnallach

1. "Feuch, cia math agus cia taitneach an ni do bhraithrean comhnuidh a ghabhail cuideachd ann an aonachd!" Bu choir do chloinn De, a tha air am breith a ris, a bhi de'n aon inntinn munithean spioradail.

2. Urnuigh an t-Slanuighear: "A chum gu'm bi iad uile 'nan aon; chum mar tha thusa, 'Athair, annam-sa agus mise annad-sa, gu'm bi iadsan mar an ceudna 'nan aon annainne:

chum gu'n creid an saoghal gu'n do chuir thusa uait mi." Bidh e moran na 's usa do'n t-saoghal gabhairt ris a' chreideamh Chriosduidh an uair a chi iad clann Dhe ag comhnuidh gu cairdeil cuideachd agus ag obair maraon air son rioghachd Dhe.

3. Tha Pol ag cronachadh roinnean araidh a bha anns an eglais ann an Corinth. "Guidheam oirbh, a braithrean, tré aimh ar Tighearn Iosa Criosd, gu'n labhair sibh uile an t-aon ni, agus nach bi roinnean 'nur measg: ach gu'm bi sibh ceangailte ri cheile gu diongmhulta ann an aon inntinn agus ann an aon bharail . . . A nis tha mi ag radh so, gu'n abair gach aon agaibh, Is le Pol mise; agus is le Apollos mise; agus is le Cephas mise; agus is le Criosd mise. Am bheil Criosd air a roinn? . . . Uime sin na deanadh neach sam bith uaill a daoine." Tha roinnean an la an diugh a cheart cho millteach sa bha na roinnean a chronaich Pol.

4. Bhiodh obair rioghachd Dhe air a deanamh na b'fhearr leis an Eaglais Aonaichte na tha i leis na tri eglaisean air leth. Tha aiteachan ann an Canada anns am bheil dithis no triuir a saothreachadh agus a' faighinn cuid-eachaidh o'n eaglaisean, far an deanadh aon mhinisteir an gnothuch a cheart cho math, 's bhiodh cach air an leigeil saor gu obair ann an aiteachan eile. Tha a' bhuan da-rireadh mor, ach tha an luchd-oibre gann.

5. Tha mi a' faicinn gu bheil creid-eamh na h-Eaglais Aonaichte fallain, agus ann an lan chordadh ri aidmheil na h-Eaglaise Cleirich d'am buin sinn.

6. Tha mi de'n bheachd gu bheil doigh-riaghlaidh na h-Eaglais Aonaichte na 's fhearr na an doigh a tha againn an drasda. Bidh e air a dheanamh na's furasda ministeir fhaighinn do gach

## AN SOLUS IUIL

coithional, agus coithional do gach ministeir. Agus ma bhios coithional us ministeir a' mi-chordadh, bidh e gle shoirbh atharrachadh a dheanamh air dhoigh 's gu'n dealaich iad ann an sith 's an cairdeas.

Domhnall Domhnallach.

Port Hastings, C. B.

### An Eaglais Chleireach

Chaidh an Eaglais Chleireach an Canada a chur air bonn 'sa bhliadhna 1875 le aonadh. Roimhe sin bha cuid de na coithionalan fo Eaglais na h-Alba, cuid eile fo'n Eaglais Shaoir, agus bhuineadh cuid do mheur eile de'n eaglais Chleirich. Aig am an aonaidh sin, dhiult aireamh de na coithionalan a bhuineadh do Eaglais na h-Alba a dhóil a stigh cuide ri cach. Dh'fhuirich Cleir Phictou a mach gu h-iomlan, agus coithional an sud 's an so anns na Cleirean eile. Ann an Canada Uachdrach dh'fhuirich a dha dheug a mach.

Cha do shoirbhich leis na coithionalan sin idir. O'n cheud dol a mach bha e doirbh dhaibh ministeirean fhaighinn no a chumail, agus thoisich an sluagh ri'm fagail. An ceann beagan bhliadhna, chaidh coithional thall 'sa bhos a stigh do'n aonadh. Dh'has Cleir Phictou—an aon Chleir a bha aca—cho tearc 's nach b'urrainn daibh ministeir a phosadh ri eaglais gun ministeirean a Cleir an Aonaidh fhaighinn 'g an cuideachadh. Mu dheireadh thall, tri bliadhna deug air fhichead an deidh a'n aonaidh, chaidh an coithional mu dheireadh a stigh. Cha d'rinn iad feum sam bith le fuireach a mach; is ann a chaill iad gu mor. Ann an Canada Uachdrach, lean coithional no dha na b'fhaide na sin, ach cha'n eil aon diubh air bonn an diugh. Chaidh cuid diubh a stigh do'n aonadh, lag, fann, 's air bheag misnich; cuid diubh

chaidh m'a sgoil gu buileach, agus bha na h-aitreabhan a chaidh a thogail 's a chur air leth air son aoradh follaiseach Dhe air an reic, no air am fagail gu grodadh. Bu mhor am beud gu'n tachradh a leithid sin a rithist.

Ann an Cleir Shidni, cha'n eil ach triuir mhinisteirean nach eil a' dol do'n Eaglais Aonaichte. Ann an Cleir Inbhirnis, cha'n eil aon idir a' fuireach a mach. Ann an Seanadh nam Morroinean Iochdarach, tha da cheud tri fishead us sia de mhinisteirean; agus cha'n eil ach triuir no ceathar air fhichead diubh an aghaidh an aonaidh. Ann an Canada gu h-iomlan, tha ceithir fishead as gach ceud a' leantuinn na h-eaglais do'n aonadh. Agus bidh aireamh nan coithionalan e theid a stigh a cheart cho mor ri aireamh nam ministeirean. Dhiubhsan a tha air bhotath gu ruige so (Jan. 9) tha 407 a' dol do'n aonadh, agus 64 a' fuireach as. Theid aireamh mhor de na coithionalan a stigh gun bhotadh idir.

Tha Aideachadh a' Chreideamh aig an Eaglais Aonaichte a nis air eadar-theangachadh gu Gailig, agus bidh e mach ann an leabhran beag, am Gailig 's am Beurla, cho luath 's a bhios sin an comas fir a chlo-bhualaidh. Tha sinn ag creidsinn gu'n taitin e gu math ri luchd na Gailig Aideachadh a Chreideamh fhaighinn 'n an cainnt fein, agus gu'n dean iad a leughadh gu curamach. Gheibhear an leabhran o'n t-Solis Iuil. A' phris: 1 air 15 cts.; 2 air 25 cts.; 10 air \$1.00.

Tha an Solus Iuil air a chur a mach fo ugh-daras Comhairle-Aonaidh na h-Eaglaise Cleirich an Canada. A' Phris: 25 air 50 cts; 50 air \$1.00; 100 air \$1.50. Cuir 'ga iarraidh gu, Solus Iuil, Box 596, Sydney, C. B.